

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Canàlaichean

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 885. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 581 corresponds to Litir 885.

Dè a’ Ghàidhlig a th’ air ‘canal’? ’S iomadh facal a th’ againn, a rèir nam faclairan – *faoighteach, cladh-abhainn, cladh-shruth, sruth-chlais, cainneal, feadan, faoid* – agus *canàl*. Tha *Wikkipaedia* ag innse dhuinn gu bheil ceithir ainmean eadar-dhealaichte air a’ *Chaledonian Canal* a tha a’ ruith eadar an Gearasdan agus Inbhir Nis – *Amar-uisge a’ Ghlinne Mhòir, Seòlaid a’ Ghlinne Mhòir, Sligh’-uisge na h-Alba* agus *An Canàl Cailleannach*. Chanainn fhìn gum biodh *Canàl a’ Ghlinne Mhòir* gu math freagarrach, ach ’s e *An Canàl Cailleannach* a chanas a’ chuid mhòr an-diugh.

Tha mi a’ meòrachadh air canàlaichean an-diugh air dà adhbhar. An ceann dà mhìos, bidh cruinneachadh mòr ann an Inbhir Nis – far a bheil mi a’ fuireach – mu dheidhinn chanàlaichean. Bidh daoine o air feadh an t-saoghail a’ tighinn airson Colabhairt Canàlaichean na Cruinne, eadar an naoidheamh latha deug agus an dàrna latha fichead dhen t-Sultain.

Bidh iad a’ tighinn cruinn còmhla ann an trì àiteachan – Eden Court, Taigh-òsta Dhruim Aithisidh agus, mar a bhiodh dùil, air a’ Chanàl Chailleannach. Tha mi an dòchas gum bi an aimsir math – oir bidh gu leòr an làthair a tha an sàs ann an turasachd.

’S e an t-adhbhar eile a th’ agam airson a bhith a’ meòrachadh air canàlaichean gun robh mi ann an Sasainn o chionn ghoirid agus chuir mi seachad beagan làithean air canàl. Bha mi fhìn is triùir eile ann am bàta-cumhang – an seòrsa soithich a tha freagarrach airson nan canàlaichean. Tha iad cumhang agus fada. Bha an turas spòrsail. Ach bha a h-uile càil a’ dol gu mall. Gu dearbh, faodaidh tu coiseachd nas luaithe air an rathad ri taobh a’ chanàil na **am bàta a tha a’ dèanamh a slighe** tron uisge. Tha na bàtaichean slaodach. Agus, co-dhiù, chan eil e ceadaichte a dhol **aig astar** oir dhèanadh sin cron air bruaichean a’ chanàil.

’S ann air a’ *Khennet & Avon Canal* a bha sinn, eadar Somerset agus Wiltshire. Chan eil beanntan no lochan ann, mar a tha air a’ Chanàl Chailleannach, ach tha e a’ dol tro dhùthaich bhrèagha, le coille, pàircean agus fearann tuathanais. Ann an àite no dhà tha amar-uisge, no *aqueduct*, a tha a’ toirt a’ chanàil thairis air gleann no srath. Tha iad air an togail de chlach agus tha iad tarraingeach don t-sùil.

’S e fear dhiubh an *Dundas Aqueduct* faisg air Bath. Mhothaich mi don ainm Albannach a bh’ air agus rinn mi beagan rannsachaidh nuair a thill mi dhachaigh. Chaidh crìoch a chur air ann an ochd ceud deug ’s a còig (1805) agus chaidh ainmeachadh airson Teàrlach Dundas, cathraiche Companaidh Canàl Kennet &

Avon. Bha ceanglaichean aig an teaghlach do Shiorrachd Pheairt, Siorrachd Shruighlea agus Dùn Èideann.

A bharrachd air sin, b' e prìomh einnseanair a' phròiseict fear Iain Rennie a bha cuideachd na Albannach. Bha e an sàs ann an obair air grunn chanàlaichean ann an Sasainn agus Alba. Bha einnseanairean Albannach cudromach ann an togail nan canàlaichean ann am Breatainn. Smaoinichibh air Tòmas Telford fhèin a dhealbhaich an Canàl Cailleannach. Tha mi an dòchas gun tig na h-Albannaich sin fo aire nan daoine a bhios a' beachdachadh air canàlaichean an t-saoghail ann an Inbhir Nis an ceann dà mhìos.

* * * * *

Faclan na Litreach: spòrsail: *fun*; gu mall: *slowly*; amar-uisge: *aqueduct*; a dhealbhaich: *who designed*.

Abairtean na Litreach: Chanainn fhìn: *I would say myself*; a chanas a' chuid mhòr an-diugh: *that most people would say today*; a' meòrachadh air canàlaichean an-diugh air dà adhbhar: *considering canals today for two reasons*; daoine o air feadh an t-saoghail: *people from around the world*; Co-labhairt Canàlaichean na Cruinne: *World Canals Conference*; eadar an naoidheamh latha deug agus an dàrna latha fichead dhen t-Sultain: *between the 19th and 22nd of September*; air a' Chanàl Chailleannach: *on the Caledonian Canal*; an sàs ann an turasachd: *involved in tourism*; bàta-cumhang – an seòrsa soithich a tha freagarrach airson nan canàlaichean: *a narrowboat – the type of vessel which is suitable for canals*; faodaidh tu coiseachd nas luaithe air an rathad ri taobh a' chanàil: *you can walk more quickly on the path beside the canal*; dhèanadh sin cron air bruaichean a' chanàil: *that would damage the canal's banks*; coille, pàircean agus fearann tuathanais: *woodland, grazing fields and farming land*; air an togail de chlach agus tha iad tarraingeach don t-sùil: *built of stone and they are attractive to the eye*; b' e prìomh einnseanair a' phròiseict fear Iain Rennie: *one John Rennie was the project's chief engineer*; gun tig na h-Albannaich sin fo aire nan daoine a bhios a' beachdachadh air canàlaichean an t-saoghail: *that those Scots would come to the attention of the people who will be discussing the world's canals*.

Puing-chànain na Litreach: am bàta a tha a' dèanamh a slighe tron uisge: *the boat that is making its way through the water*. Did you notice that bàta is a masculine noun (am bàta) but that I feminised the possessive article (a slighe, rather than the masculine a shlighe). These might seem to be out of kilter but we generally think of boats as feminine, particularly when they are moving on water, so it seems more natural to feminise it in that way.

Gnàthas-cainnt na Litreach: chan eil e ceadaichte a dhol aig astar: *it's not permitted to go at speed*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA